

NA DUILLEAGAN GÀIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LUIB | LIFE ANDWORK

AIREAMH 11 | 2015 | AN T-SAMHAIN

Facal Toisich

Anns an iris seo tha sinn ag innse mun chuairt a chuir Moderàtor an Ard-sheanaidh air feadh Earra Ghàidheal, ann an sgìrean air tìr-mòr agus ann an eileanan. A h-uile bliadhna bidh am Moderàtor a' tadhal air beagan de na clèirean. Bho bha an t-Oll. Urr. Tòmas MacCalmain ann an cathair an Ard-sheanaidh eadar 1969 agus 1970 cha robh Moderàtor againn aig an robh Gàidhlig gus an deachaidh an t-Oll. Urr. Aonghas Moireasdan a thaghadh.

Tha e feumail gum bi Moderàtor an Ard-sheanaidh gach bliadhna a' tadhal air clèirean eadar-dhealaichte. Gheibh am Moderàtor beachd air cor na h-Eaglais ann am bailtean mòra air feadh na dùthcha agus ann am bailtean beaga, air Ghàidhealtachd agus air Ghalldachd. Nuair a bhruidhneas e ri buill an Ard-sheanaidh aig deireadh a bhliadhna anns an dreuchd chudthromaich seo bidh e a' beachdachadh air mar a tha Eaglais na h-Alba a' seasamh an-diugh. Chì e àiteachan far a bheil an Eaglais a' crìonadh, gu h-àraidh am measg na h-òigridh. Chì e cuideachd àiteachan far a bheil an Eaglais a' soirbheachadh.

Tha e feumail do choitheanalan gum bi am Moderàtor gan tadhal. Thèid aige air facal misneachaidh a thoirt dhaibh nuair a tha e buailteach dhuinn a bhith eudòchasach a thaobh na tha air thoiseach don Eaglais ann an Alba. Bidh am Moderàtor a' riochdachadh na h-Eaglais ann an sgoiltean agus ann an àiteachan obrach. Bidh cothrom aige beachdan na h-Eaglais air iomadh cuspair a bhuineas don latha an-diugh a chur an cèill.

Tha sinn an dòchas gum bi beannachd a' leantainn nan cuairtean a bhios Moderàtor an Ard-sheanaidh agus nan coinneamhan a bhios e a' cumail eadar seo agus an Cèitean.

**Gach deagh dhùrachd dhuibh uile,
Ruairidh MacLeòid.**



Thog Tormod MacLeòid an dealbh seo de eaglais na sgìre anns an Oban. Sin far an robh seirbheis-fhosglaidh a' Mhòid Nàiseanta air a' mhìos a dh'fhalbh. Tha seirbheis Ghàidhlig anns an eaglais seo air a' cheathramh Sàbaid den mhìos. Tha an t-Urr. Dùghall Camshron, ministear na Cille Mòire agus an Obain, air fear de na ministearan ann an Earra Ghàidheal a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig. Bidh an t-Urr. Cairistiona Fulcher, a bhios ga chuideachadh, a' frithealadh na seirbheis Ghàidhlig cuideachd.

Cùil nan Ceist

An turas seo tha na ceistean a tha sinn a' cur oirbh mu na cogaidhean a tha air an ainmeachadh anns a' Bhìoball, cogaidhean litireil agus cogaidhean spioradail. Gheibhear freagairt nan ceist air an duilleig chùil.

1. Cia meud bliadhna bha Israel agus Siria gun chogadh eatorra. (1 Rìgh, caibideil 22.)
2. Lìon a' bheàrn – “Agus bha cogadh air ——”. (Taisbeanadh, caibideil 12.)
3. Cò a bha a' cogadh an aghaidh Shaul? (1 Samuel, caibideil 28.)
4. Cò dha a dh'fheòraich Daibhidh ciamar a chaidh an cogadh air aghaidh? (2 Samuel, caibideil 11.)

Càirdean – 2

Ann an t-sreath seo 's ann air an fhacal *caraid* a tha ar n-aire.

Tha gliocas agus teagasg ann an seanfhaclan, agus tha iomadh seanfhacal againn anns a' Ghàidhlig far a bheil iomradh air càirdean agus càirdeas.

Aig taigh-òsda Eilein Iarmain anns an Eilean Sgitheanach tha seanfhaclan Gàidhlig air an snaidheadh gu grinn anns a' chlachaireachd. 'Nam measg tha am facal seo, *Am a' chruadail a dhearbhas na càirdean*. 'S ann nuair a thèid cùisean nar n-aghaidh a thuigeas sinn da-rìreabh cò a tha 'nam fìor chàirdean. Mar a tha am facal eile ag ràdh, *Is ann an àm a' chruadail a dh'aithnichear na càirdean*

Ann an cosmhalachd a' mhic stròdhail chì sinn an duine òg a' cur 'aghaidh air tìr na fadachd às. Bha airgead gu leòr aige, agus fhad 's a bha a sporan làn agus a làmh fialaidh, cha robh dìth chàirdean agus chompanach air. Ach nuair a thàinig camadh 'na chrannchur, nuair a chaidh cùisean 'na aghaidh, cha robh sgeul air na càirdean sin, oir cha b'è fìor chàirdean a bha annta.

Tha Pòl ag innse dhuinn mu chompanach a bha aige ann an obair an t-Soisgeil air an robh Dèmas. 'S e *mo cho-obraiche* an t-ainm a bha aig an abstol air. Ach air a' cheann mu dheireadh 's e seo a tha e ag ràdh mu a charaid, *Thrèig Dèmas mi, air dha an saoghal a tha an làthair a ghràdhachadh*. Cha do sheas an càirdeas aig Dèmas. Mhill sin an càirdeas a bha eadar e fhèin agus Pòl, agus bhiodh sin 'na mhealladh-dùil don abstol.

Ach nach math càirdean a bhith againn a sheasas gualainn ri gualainn rinn ri stoirm agus ri fiath, ann am blàths an t-samhraidh agus ann am fuachd a' gheamhraidh.

Am Moderàtor ann an Earra Ghàidheal



Seo an t-Oll. Urr. Aonghas Moireasdan agus a bhean (aig an aghaidh air an làimh chli) còmhla ri buill Clèir Earra Ghàidheal aig a' cho-chruinneachadh ann am Port a' Mhadaidh. Bha sin dìreach mun do dh'fhalbh iad airson am bàt'-aiseig fhaighinn eadar an t-Oban agus Tiriodh. Chuir iad latha seachad air an eilean agus fhuair iad sealladh air beatha an t-sluaigh agus air beatha na h-eaglais.

Ann am meadhan na Sultain bha Moderàtor an Ard-sheanaidh agus a bhean air chuairt ann an cuid de na sgìrean ann an clèir Earra Ghàidheal. Bha e stèidhichte ann am Port a' Mhadaidh far a bheil a-nis goireasan de gach seòrsa do luchd na mara agus do luchd-turais. Ghabh e cothrom tadhal air eaglaisean agus seann làraich ann an Còmhal a tha ainmeil ann an eachdraidh.

Fhuair am Moderàtor sealladh air obair a tha an eaglais a' dèanamh am measg na h-òigridh. A chionn gu bheil Gàidhlig aige fhèin agus aig a chèile bha e freagarrach gun do thadhail iad air àiteachan far a bheil òigridh agus inbhich ag ionnsachadh ar cànan.

Leabhraichean

Tha prògraman mìorbhaileach air a bhith againn ann an Gàidhlig air ràdio agus air telebhisean mun Cheud Chogadh, agus gu h-àraidh mu na Gàidheil a bha a' sabaid anns a' chogadh mhillteach sin, an fheadhainn a thill agus an fheadhainn a fhuair bàs. A-nis tha *Acair* air leabhar prìseil fhoilleachadh le ceud dàn Gàidhlig a bhuineas do Chogadh a' Chèasair, a' chuid mhòr dhiùbh a chuireadh ri chèile aig an àm sin, agus cuideachd bàrdachd a chaidh a sgrìobhadh o na làithean sin. A bharrachd air sin tha dàn dhrùidhteach againn a bha air an cur ri chèile nar latha fhèin airson an leabhair seo.

Tha an leabhar bàrdachd seo air a roinn ann an grunn earrainnean – *Toiseach a' Chogaidh, Ri Aghaidh a' Bhlàir, An Cogadh aig Muir, Sealladh bhon Dachaigh* agus mar sin air adhart. Mar a bhiodh dùil, tha marbhrainn an seo a rinneadh mar chuimhneachan air gaisgich nach do thill. Bha an cogadh seachad nuair a chaidh an *Iolaire* air na creagan agus chaill corr is dà cheud a bha air tilleadh on bhlàr am beatha. Rinn an

Cuimhneachan

Bàrdachd a' Chiad Chogaidh

(Air fhoillseachadh le *Acair*. £15)

tachartas seo làrach smaointinneach air beatha nan eilean agus tha ochd dàn anns an leabhar mun chall uamhasach a bha seo.

Tha fiosrachadh goirid air a thoirt seachad mu na bàird agus na bana-bhàird a rinn na dàn, agus tha sin air leth feumail. Tha iomradh againn cuideachd air na h-àiteachan agus air na batail a tha air an ainmeachadh anns a' bhàrdachd. Tha na dàn air fad air an eadar-theangachadh gu sgìleil gu Beurla. Mar leabhar eachdraidh, a thuilleadh air a bhith 'na leabhar bàrdachd, tha e luachmhor. Ceud bliadhna bho thòisich a' Cheud Chogadh tha an leabhar seo a' cur nar cuimhne na dh'fhuiling na mìltean de Ghàidheil airson an nàmhaid a cheannsachadh agus an t-sìth a ghèidheadh. Air a' mhìos seo nuair a tha seirbheisean air an cumail aig carraighean-cuimhne, tha an leabhar seo 'na chuimhneachan freagarrach air na rinn feadhainn eile às ar leth. Ged a bha na tachartasan seo cho oillteil, dhùisg iad spiorad na bàrdachd ann an cridhe nan ùghdar a thug dhuinn na dàn.

Chunnaic am Moderàtor na chaidh a dhèanamh de dh'obair chàraidh air eaglais an Tairbeirt far an do rinn stoirm milleadh mòr. Air an t-Sàbaid shearmonaich e ann an eaglais Chràiginis.

Bha co-chruinneachadh bliadhna – far an robh corr is trì fichead an-làthair – aig clèir Earra Ghàidheal ann am Port a' Mhadaidh agus bha an t-Oll. Moireasdan air fear den luchd-labhairt. Aig a' cho-labhairt leagadh cudthrom air obair am measg na h-òigridh agus chuireadh fàilte air dithis a bhios an sàs anns an obair seo as leth na h-eaglais ann an Earra Ghàidheal. An ath latha bha a' choinneamh àbhaisteach aig a' chlàir agus bha am Moderàtor ann aig toiseach na coinneimh.

An dèidh a bhith ann an Earra Ghàidheal chaidh am Moderàtor air turas gu clèir Loch Abar. Tha sùil againn iomradh a thoirt air a' chuairt sin air an ath mhìos.



Chuir Moderàtor Clèir Earra Ghàidheal, an t-Oll, Urr. Coinneach Ros, fàilte air Moderàtor an Ard-sheanaidh ann an Gàidhlig. (Tha an t-Oll. Ros ag ionnsachadh na Gàidhlig.) Anns an dealbh seo chì sinn Fear-deasachaidh nan Duilleagan Gàidhlig ag eadar-theangachadh on Ghàidhlig gu Beurla na thubhairt Moderàtor na clèir.

Seo na thubhairt an t-Oll. Urr. Coinneach Ros nuair a chuir e fàilte air Moderàtor an Ard-sheanaidh ann an Gàidhlig.

Tha sinn glè thoilichte an-diugh fàilte a chur air Moderàtor an Ard-sheanaidh, an t-Ollamh Urramach Aonghas Moireasdan, còmhla ri a bhean, Mòr. Fàilte chridheil, a Mhoderàtor, agus fàilte dhachaigh. Bidh sibh a' cluich mòran ghèaman ann an àiteachan eile am bliadhna, ach an t-seachdain seo 's urrainn dhuibh gèam a chluiche aig an taigh. Tha fios agam gu robh daoine glè shona fàilte a chur oirbh ann am mòran bhailtean air an robh sibh a' tadhal bho ràinig sibh Earra Ghàidheal Diceudaoin-sa chaidh. A-nis tha sinn glè thoilichte air sgàth 's gu bheil sibh a' bruidheann rinn feasgar an-diugh. Fàilte gu dearbh ann an ainm an Tighearna Iosa Crìosd. Tha sinn air a bhith a' faicinn gu robh a' ghrian a' deàrrsadh nuair a bha am Moderàtor a' tighinn. Feumaidh sibh tighinn gu tric!

An t-Ard Sheanadh 1937

Ann an 1937 bha an t-Urr. Dùghall MacPhàrlain 'na Mhoderàtor air an Ard-sheanadh. Sgrìobh an t-Urr. Tòmas M. MacCalmain – a bha e fhèin gu bhith 'na Mhoderàtor – anns *Na Duilleagan Gàidhlig*. “On bha Moderàtor Gàidhealach air ceann an Ard-sheanaidh, bha e nàdarra gum biodh, mar gum b'eadh, blas Gàidhealach air na coinneamhan gu lèir. Cha robh riamh uibhir de Ghàidhlig air a labhairt ann an Talla an t-Seanaidh, agus chualas mòran mu chor spioradail agus aimsireil na Gàidhealtachd. Air an t-Sàbaid bha buill an Ard-sheanaidh daonna ag adhradh le chèile ann an eaglais mhòr Dhùn Eideann, agus tha ministearan air an taghadh gu bhith a' cuartachadh nan seirbheisean sin. Anns a' mhadainn liubhair an t-Urr. Alasdair MacFhionghain, PhD, ministear Chill Mo Naomhaig, searmon comasach agus brìoghmhor, agus air an fheasgar shearmonaich an t-Oll. Ruairidh MacLeòid gu tlachdmhor, mar is math is aithne dha, agus 'nam measg-san a chuidich leotha air ceann nan seirbheisean bha dithis de mhinistearan òga na Gàidhealtachd.”

Gàidhlig Shìmplidh



Ceann-teagaisg airson a' mhìos seo: “Is e Dia ar tèarmann agus ar neart, ar cobhair ro-dheas ann an

teanndachdan.” Sin a' cheud rann ann an t-sia salm thar an dà fhichead. (Salm 46:1) Bidh na faclan sin air an leughadh aig iomadh carragh-cuimhne air a' mhìos seo. Thug na faclan cofhurtachd do dh'iomadh cridhe goirt. Tha neart anns na faclan seo nuair a bhios iad air an seinn. Bha rudan duilich ann am beatha an t-salmadair. Tha sin ann am beatha a h-uile duine. Ach gheibh sinn cuideachadh o Dhia. Bha na faclan air an sgrìobhadh bho chionn iomadh linn. Ach tha an gealladh seo a' seasamh an-diugh.



B'ann mu thrì bliadhna an dèidh a' Cheud Chogaidh a thòisich daoine air feadh na rìoghachd a' togail

charraighean-cuimhne. Tha carraighean ann am meadhan bhailtean, mar a tha againn ann am Port Rìgh. Tha carraighean-cuimhne eile air cnoc air taobh a-muigh a' bhaile. Ach thogadh iad uile air an aon adhbhar. Tha iad a' cumail cuimhne air an fheadhainn a bhàsaich anns a' Cheud Chogaidh agus ann an cogaidhean eile. Tha a h-uile ainm sgrìobhte air a' charragh prìseil do na teaghlachean a chaill càirdean. Agus tha sinn fhathast ag ùrnaigh airson sith air feadh an t-saoghail.



Seanfhacal airson a' mhìos seo: “Chan àm cadail cogadh.” (War is no time for sleep.) Nuair a tha cogadh ann

feumaidh an saighdear a bhith ri faire. Thuig ar saighdearan sin aig àm a' Cheud Chogaidh agus aig àm an Darna Cogaidh. Chan eil e sàbhailte tuiteam 'nad chadal ma tha an nàmhaid faisg. Ach feumaidh sinn cadal uaireigin. Nuair a bhios càch a' gabhail fois bidh saighdearan eile 'nan dùisg. Bidh iadsan a' coimhead air a h-uile taobh. Thig an nàmhaid nuair nach eil sùil againn ris. Tha sin fìor mu nàmhaid ar n-anam, an diabhal. Feumaidh sinn air ar faiceall 'na aghaidh a h-uile latha.



Bhiodh an salmadair daonna a' coimhead suas. Bhiodh e a' togail a shùilean ris na beanntan. Bhiodh e a'

coimhead ris na speuran. Bha iad ag innse dha mu obair Dhè. A-raoir bha dubhradh na gealach ann. Bha gealach slàn ann a bha sònraichte. Bha i dearg aig amannan. Bha a h-uile nì cruthaichte a' teagasg an t-salmadair. Bha e a' faicinn cumhachd Dhè anns na beanntan agus anns na speuran agus anns a h-uile nì a bha e a' faicinn anns an t-saoghal mun cuairt air. Bha e a' coimhead air na rudan sin le sùil a' chreidimh. Bu choir dhuinne sealladh mar sin a bhith againn.

AM FEAR-DEASACHAIDH

Seo seòladh Fear-deasachaidh nan Duilleag: Ruairidh MacLeòid, Creag nam Bàirneach, An Fhuirneis, Inbhir Aora, Earra Ghaidheal PA32 8XU. Fòn: 01499500 629 Post-dealain: mail@revroddy.co.uk

Thall 's a-Bhos

RANN

*Bheir sinn cliù do Rìgh nan Sluagh
Thug dhan a' cheartas a' bhuaidh,
Is guidheamaid na chaidh dhan uaigh
Thoirt dachaigh shuas an Glòir dhaibh.*

Aig àm a' Cheud Chogaidh ghabh mòran Ghàidheal à Canada ann am feachdan an rìgh agus chaill cuid mhath dhiùbh am beatha anns an Fhraing. Nuair a ghairmeadh an t-sìth chuir Ceit NicLeòid à Framboise ann an Ceap Breatainn a smuaintean ann am bàrdachd. Bha i a' moladh Dhè nach d'fhuair cumhachdan an uilc làmh an uachdair. Bha i a' cuimhneachadh air an fheadhainn a fhuair bàs. Tha an dàn a rinn i anns an leabhar *Cuimhneachan* le bàrdachd Ghàidhlig on Cheud Chogadh.

FUASGLADH NAN CEIST

Seo freagairt nan ceist co-cheangailte ri cogadh a chuir sinn oirbh air an duilleig aghaidh. 1. Trì. 2. — nèamh." 3. Na Philistich. 4. Uriah.

ATH-CHOISRIGEADH

Ann an 1935 chaidh carragh-cuimhne a thogail air cnoc ann an Gleann Aora airson urram a chur air an sgrìobhadair ainmeil, Niall Mac an Rothaich, a bhuineadh do dh'Inbhir Aora. Bha an carragh-cuimhne feumach air obair chàraidh agus fhuair An Comunn Gàidhealach cuideachadh o riaghaltas na h-Alba airson an leasachadh a dhèanamh. Aig deireadh na Sultain chumadh seirbheis ath-choisrigidh aig a' chàrn. Mar a thachair ann an 1935, sheinn na bha an làthair a' cheud dhà rann ann an salm nam beann, an t-aona salm thar an t-sia fichead.

LEABHAR UR

Tha an t-Oll. Iain Bradley air còig deug air fhichead de leabhraichean a sgrìobhadh air cuspairean a bhuineas don Eaglais. Air a' mhìos a dh'fhalbh dh'fhoillsich e leabhar eile, *Argyll The Making og a Spiritual Landscape*. Bha e a' labhairt aig coinneamh clèir Earra Ghàidheal anns an t-Sultain. Bidh sgrùdadh againn air an leabhar ùr seo air an ath mhìos. Tha sinn an còmhnaidh toilichte cluinntinn on luchd-leughaidh mu sheann leabhraichean no leabhraichean ùra a chòrd riu-san. Nuair a tha na h-oidhcheannan a' fàs nas fhaide bidh barrachd ùine aig daoine airson a bhith a' leughadh. Sin cur-seachad cho buannachdaile agus a tha ann.

SEIRBHEIS A' MHOID

Bha sluagh mòr an-làthair ann an eaglais na sgìre anns an Oban aig seirbheis-fhosgladh a' Mhòid Nàiseanta anns an Oban. Bha Gàidheil

o thrì de na coitheanalan anns a' bhaile a' gabhail compàirt anns an adhradh. 'S e Moderàtor na bliadhna seo a liubhair an searmon. Fhuair coitheanal na bu mhotha cothrom an t-seirbheis a chluinntinn a chionn gu robh i air a craoladh air Ràdio nan Gàidheal.

ADHBHAR GAIRE

Bha dithis mhinistearan a' cuideachadh aig seirbheisean Comananachaidh. Cha robh fear dhiùbh a' faireachadh ro-mhath anns a' mhadainn agus dh'ith am ministear eile am bracaist aige-san a bharrachd air a' bhìadh aige fhèin. Nuair a chaidh iad don eaglais nach ann a shearmonaich am ministear dh'ith an dà bhraicair air a' cheann-teagaisg a bha gu bhith aig a chompanach air an oidhche. Nuair a thill iad dhachaigh an dèidh na seirbheis thubhairt am fear eile ris, "Chan e a-mhàin gun do ghoid thu mo bhraicair ach tha thu a-nis air mo cheann-teagaisg a ghoid."

Urnaigh

A Dhè throcairich,
air a' mhìos seo agus cuimhne ga cumail
air na thuit ann an cogaidhean
airson ar dùthaich a dhion,
tha sinn a' toirt taing dhut
airson gach sochair a tha againn
mar thoradh air na rinn daoine eile às ar leth.
Ann a bhith a' moladh d'ainm airson sìth
tha sinn a' cuimhneachadh
air ceàrnaidhean air feadh an t-saoghail
far a bheil coimhstri agus fulangas agus bàs.
Beannaich na tha a' fiachainn
ri sìth a stèidheachadh
ann an suidheachaidhean dorcha.

Amen

An dealbh air an aghaidh:

Air an darna Didòmhnaich den mhìos seo
bidh seirbheisean sònraichte air an cumail
aig carraighean-cuimhneachaidh a' chogaidh
air Ghàidhealtachd agus mar Ghalldachd.
An seo chì sibh daoine muinntir a' bhaile
aig a' charragh ann an Ceann Loch Gilb